

[C 1]

<eng>

DAIN AGUS ORAIN
LE
IAIN MACLEOID
CULKEIN-STORE.

SECOND EDITION.

[C 2]

[Blank]

[TD 1]

POEMS AND SONGS

BY

JOHN MACLEOD
SOMETIME PROFESSOR OF ENGLISH LITERATURE, ETC.
LONDON
AUTHOR OF "THE SPIRITUAL VISION"

SECOND EDITION

Inverness
PRINTED BY THE NORTHERN COUNTIES NEWSPAPER AND PRINTING
AND PUBLISHING COMPANY, LIMITED
1918

[TD 2]

[Blank]

[TD 3]

DAIN AGUS ORAIN

LE

IAIN MACLEOID
CULKEIN-STORE
AUTHOR OF "THE SPIRITUAL VISION"

SECOND EDITION

Inbhirnis
AN EACHDRAIDH THUATHACH
1918

[TD 4]

[Blank]

[TD 5]

IN THE FIRST EDITION.

TO THE

REVEREND GEORGE HENDERSON, M.A., B.LITT., PH.D.,

MINISTER OF EADAR-DHA-CHAOLAIS,
AND LECTURER ON CELTIC LANGUAGE AND LITERATURE IN THE
UNIVERSITY OF GLASGOW,
I Dedicate this little Book,
IN TOKEN OF MY ADMIRATION FOR YOUR LEARNING AND SCHOLARSHIP,
AND FOR THOSE HIGHER ENDOWMENTS WHICH ARE THE SPECIAL
DOWRIES OF THE TRUE CHRISTIAN.

And, — "When that fell arrest
Without all bail shall carry me away,
My life has in this line some interest
Which for memorial still with thee shall stay."
JOHN MCLEOD.

I little thought when writing the above Dedication to my friend that I should survive him. But he is not dead: he lives, and will always live as an ideal Christian character, enlightened by great learning, in the memory of every one who knew him, or may for ever know him.

[TD 6]

To
GENERAL J. W. STEWART,
Laird of Assynt.

FRIENDSHIP, like all the moral virtues, is rooted in affection, and lives on mutual esteem and admiration. The joy of it arises from the absolute confidence one has in the other, and that either feels he is worthy of the other. This gives true friendship a dignity which tends to ennoble each other's character. Humble in self-estimation, but proud of the character and achievements of his friend, a man enjoys life without ever feeling old, for in this magnetic relationship of the noblest and healthiest feelings of human nature he becomes, and continues to be "a boy eternal."

I have been fortunate in having enjoyed the friendship of several distinguished people, both good men and good women, who have nearly all passed away; and now that you, as another of the "world's ornaments," have come into my life, I feel that you were sent to me as the "Benjamin of my old age," to make the sunset of my life as bright as the "sunrise gone." In this spirit I dedicate to you the following verses, written in our dear mother-tongue, as a small tribute of admiration for your character and career—a small tribute indeed, but still a pebble thrown by a pious hand upon your monumental "cairn."

JOHN MCLEOD.

CULKEIN, November, 1917.

[TD 7]

PREFACE.

WHEN one takes the trouble to read a new book, he feels naturally curious to know something about the author of it, who he is, and what he is. In order to satisfy this curiosity on the part of any one who peruses the following Gaelic songs and poems of mine, I humbly beg to introduce them with a very brief record of my career.

To begin at the beginning, let me say that I was born in the township of Culkein-Stoer, and on the same croft as my father, my grandfather, and my great grandfather were before me; but although I am thus a native of Assynt, I have reason to believe that our people came originally from Skye, and that our Chief is McLeod of Dunvegan.

After having received a fairly good education in the Free Church School here, and afterwards in Tain Academy, I went through my University curriculum in Edinburgh, and finished my theological course under Dr Caird in the University of Glasgow. But instead of entering the ministry of the Church of Scotland, I was persuaded to accept a very promising appointment in England, the senior mastership in the Grammar School of Warminster. Here I had every prospect of success in the scholastic profession, so much so, that I was congratulated in a letter from the late Archbishop Thompson of York; but here, alas, I was struck down by a severe illness, congestion of the left lung, which very nearly carried me off.

[TD 8]

On my recovery, and during my convalescence, I resided with a relative of mine, Dr William McLeod, C.B., Inspector General, R.N., and while recruiting my health in his family, I was engaged in preparing his two sons for professional examinations, one of them being now a barrister, and the other a doctor of medicine.

After leaving Dr McLeod's family, I was engaged successively as private tutor in some noblemen's families, of whom I need only mention Sir Charles Tennant of the Glen, Sir Frederick Graham of Netherby Hall, and Lord Lawrence, late Governor-General of India. These were perhaps the happiest days of my life, for in each family I was at home, and in each I have a correspondent to this day.

I finally settled down in London as a Lecturer on English Literature, Philology, and Constitutional History, in two of the best known institutions for preparing men for Sandhurst and for the Civil Service of India. These latter were the finest and ablest men I ever had to teach, and of course I could only instruct them in my own special branch of learning. And here again, and within prospect of the promised goal, I was knocked on the head by a terrible fever, which shattered my physical health, and even impaired my verbal memory. And this is the reason I am here, living in the solitude and social isolation of Assynt.

I have not, however, been idle since I came here; for although I am nearly as poor as St Peter himself for lack of silver and gold, yet I have had opportunities of helping my crofter neighbours in many business ways, and the sick among them with comfort and medical treatment. I have also secured for the township of Culkein an excellent pier, which is a shelter and a

[TD 9]

landing stage for the fishermen's boats; and from the Government of the late Lord Salisbury I got a daily local postman for the different townships of the district. And thus I learn, and this I feel, that he who helps to bear the burden of his neighbour will find his own so much the lighter.

I ought here to mention the name of His Grace the late Duke of Sutherland, who, in his well-known generous and sympathetic nature,

granted us a free site, together with a contribution of £100, for the building of this useful pier.

J. M.

CULKEIN-STOER, January, 1907.

[TD 10]

AN CLAR.

TAOBH-DUILLEIG.		
Dedication	5	
Preface		7
Gaelic Songs—		
Caismeachd nan Gaidheal		11
Failte na Duthcha		12
Na h-uile Latha Chi 's Nach Fhaic		15
Oran a Bhata		17
"C'ait am Faic mi do Dhreach-Sa"		19
Seumas Mac Coinnich, F.C. Elder, 1802-1889		21
Iain Maccoinnich—Ogha do Sheumas	24	
An t-Urramach Iain Ross, 1813-1888		27
Domhnall Macleoid, 1812-1875	30	
Beannachd Leat, Aonghais		33
Seonaid	34	
Seann Ian agus Ian Og	36	
Aonghas Beg	39	
Ian Macoidh, Hereford	41	
Dol Fodha na Grein		43
Airidh Chulchinn	45	
Air Chuimhne		46
Adhlacadh an Ridire Iain Moore (Translation)		48
Eachann Ruadh	50	
English Songs—		
Donald		52
Laura	53	
E. W. Fare thee well		54
Little Mary	56	
The Coronation of George V.—June 22, 1911		57
Suilbhein Laments—The Duchess Millicent		59
Emmeline Sarah Mary Archer	60	
General J. W. Stewart		63
To Roderick Macleod, our Highland Minstrel		65
To our Boys at the Front		67

[TD 11]

<gai>

CAISMEACHD NAN GAIDEAL.

Air Fonn—<eng>"Scots wha hae."<gai>

I.

Nach cuala tusa an diugh ar sgeul,
A tha air aithris feadh nan sleibh,—
Clann nan Gaidheal, sliochd nan treun
Ag 'éiridh gu bhi saor!

Séisd:-

Eiribh, Eiribh, Eiribh 'chlann,
'Chlann nan Gaidheal, 'shliochd nam beann,
'Fhuil nan gaisgich nach bi mall
Ag 'éiridh gu bhi saor!

II.

Tha toirm Mactalla mu na bheinn
Tha gairm nam bratach os ar cinn,
Tha spiorad ghaisgeach mìle linn
Ag eigheachd—"Bithibh saor!"

III.

Chlann mhic Coinnich, 'chlann mhic Leoid,
Chlann gach brataich, shiol gach seoid,
Chlann nan Gaidheal, thigibh beò,
Is éiribh gu bhi saor!

IV.

Seas air son gach bean is clann,
Seas air son gach còr a th' ann,
Buail an t-ainneart bun-os-cionn,
Is dean an talamh saor!

[TD 12]

FAILTE NA DUTHCHA.

I.

Bi ag ìnnse dha 'n Uirinn,
Do Chuineag 's do Shùilbhein,
O mhullach Stròin-chrùbaidh
Gu seann Rhudha Stòrr,
Gu 'm faic iad mi tighinn
Chur fàilt' orra rithisd
Mar chàirdean 's mar chinneadh
Mar rinn mi na m' òig;
Cha'n 'eil eadar Ashair,
Is Cóiigeach na h-àirde
Cnoc, bealach, no braghad,
Eilean, àiridh na beinn,
Nach toireadh dhomh urram,
Ciad failt' agus furan,
Nan t'iginn o Lunnainn
Gu duthaich nan glinn!

II.

Nar dh' éirinn 'sa mhaduinn,
'Sa' ghrian air a casan
Thar bheanntaichean Asaint
'O dhùthaich Mhic-Aoidh,
'S an uiseag 's an fhaoileag,
'S na smeoraich ba chaomh leam
'Deanamh cèol dha 'n an t-saoghal
Le furan glé bhinn;
Co 'n cridhe nach éireadh

[TD 13]

Le iorram cho éibhinn-
Mactalla ga éigheachd
'O chnoc agus beinn!
Mi fhéin agus Màiri
Air mullach na h-àiridh
'Sa broilleach cho àluinn
Ri éiridh na gréin'.

III.

Ba bhinn leam gach feadan
'O mhaduinn gu feasgar,
Bu ghreadhneach gach sealladh,
'S ba taitneach gach fuaim;
Bu cheol leam an cànrán
Aig tonnan na traghaidh,
Ged bhiodh iad ri rànaidh
Fo shlat na gaoith-Tuath;
Ba toil'am do chommun
O dhuthaich na seall'an
Ann an samhradh na lusan,
Na geamhradh na fuachd;
Ba shlàinte dhomh t'fhàileadh,
'Thìr dhlìgheachd nan Gaidheal,
Si sin a rinn m' àrach
Mar dharach nan dual!

IV.

Thoir ma shoraidh gu Cròna,
Far am b' àill leam bhi seòladh
Mar ri Ian MacDhomhnuill
Agus Aonghas MacAoidh;
Gus na sèoid bhiodh air thoiseach

[TD 14]

Air druim na fir dhosach,
'S' a bhirlinn ga froiseadh
Ann an corruich na gaoith!
Ba cheol leam a faram
Eadar shiùil agus sparran,
Agus toirmrich na mara
Cur fàilt air na saoi!
Cha b' ionann leam suidhe
Air deireadh na luinge
Na giulan na cuinge
Air Cathair an Rìgh!

[TD 15]

A H-UILE LATHA CHI 'S NACH FHAIC.

Air Fonn-<eng>"Auld Lang Syne."<gai>

I.

O 's iomadh ceum a shiubhail sinn
'O bha sinn òg le cheile,
'O bha sinn g' iomain air an tràigh,
Gun thrusgan oirnn ach feileadh.

Séisd:-

A h-uile latha chì 's nach fhaic,
A h-uile latha a chì sinn,
Deoch slaint' mo charaid ni mi ol
A h-uile latha a chì sinn!

II.

Bha sinn shios is bha sinn shuas,
An Lunnainn s' an Dunèdin,
Ach b' annsa leam bhi 'n tìr nam beann,
'S a siubhail ghleann le chéile.

III.

'S iomadh maduinn shamhraidh chiùin
A dhùisg sinn leis na smeoraich,
Nar bhiodh na sobhragan cho cùbhr'
'S an dealt air barr nan neoinean.

[TD 16]

IV.

'S iomadh latha shèol sinn long,
Air Loch-na-cula-fraochaidh,
'S ba bhòidheach i air bharr nan tonn
Dol seachad Sgeir Na Faioleag.

V.

'S cha ro bròg na bonaid oirnn,
'S ann againn nach ro feum orr',
'S cha ro' ionndrain air a chorr
Ach commun cach a chèile.

VI.

O, na balaich bha sinn ann,
Gun bhonaidean, gun bhrògan!
Ba shona saoghal a bhiodh ann
Na maireadh sin an comhnuidh!

[TD 17]

ORAN A BHATA.

Air Fonn-<eng>"Hail to the Chief."<gai>

I.

Ciad failt' air a bhalach
Ba mhian leam ri fhaicinn,
Na sheasamh cho fearail
Air port a Chulchinn;
Mac Dhomhail mhic Uilleim
A stiuireadh a chulaidh
Nar sheideadh an doinionn,
'S do 'dh' éireadh na tuinn!
'S maith chithear 'na t'aogas
Gur Leodach do chinneadh,
Cha bhi mi 'na m' aonar
Ma bhios tu beò;
Oir bheir thu air ais dhomh
Deadh iomhaigh nan gaisgeach,-
O Thormaid Mhic Dhomhail,
Ho, Hi, Ri, Ro!

II.

Nar dheanadh tu suidhe
Air totan na luinge,
Aig guaillean nan gillean
'S ramh bràghad na d' dhorn,
'S tu chuireadh a spionnadh
Ann an giubhas na sgothan,
'Sa bheireadh 'oith trotan
'S na dosraich fo sroin;

[TD 18]

Do bhonnan ri' reangan
'S i leum ris na tonnan,
Le iorram na d' bhilean-
Ba bhinn leam a cheòl!
'Se sin a rinn daoine
Do Leodich na Suaine,
O Thormaid Mhic Dhomhail,
Ho, Hi, Ri, Ho!

III.

Cha'n ann an am briogais
Nan Sassunach bhiorach
A dh' àraich na bodaich
'O 'n thug thu do chòir,
Ach a stiuireadh na bìrlinn
Troimh stuadhanan fhiadhaich
Le' slios ris a chathadh
'S a chualach ma' stròin;
Nar shéideadh an doinionn,
'S nar dhéireadh na tonnan,
Nar chaillear gach cladach
Le sad agus ceò,
'Sin dhùisgeadh do spiorad
Air a storm mar an iodair,
O Thormaid Mhic Dhomhail,
Ho, Hi, Ri, Ro!

[TD 19]

"C'AIT AM FAIC MI DO DHREACH-SA."

Air Fonn—"Cairsti Bhadchasil."

I.

Mar chiùin' shamhraidh thar bheanntaibh
Tha do lathaireachd fo m' chòir,
Ann am flùran na machair,
Ann am feadan nan eoin.

Séisd:-

Càit' am faic mi do dhreach-sa,
Càit' an cluinn mi do cheòl-
Fàile cùbhraidh na fluran
Fonn mhaduinn nan eòin.

II.

Bu tu solus mo smuainntean,

Reult-mhaduinn na spèur,
Flùr an t'samhraidh 'san dealt air
Ann an dealreadh na grèin'.

III.

'S mi nach iarradh dhe 'n t-saoghail
Ach an Oigh ad ri m' thaobh,
Air a dion 'o gach doinionn,
Ann am fasnadh mo ghaoil.

[TD 20]

IV.

'Nar a lùbadh na gasain,
'Nar a shracadh na siùil,
B'e mo reultsa chum stiùiridh
'Solus iùil' tha na d' gnùis.

V.

Crìoch saothair troimh chruadail-
Sonas buadhail na sòrs'-
Ann am fochar mo leannan,
Air a lasadh le' gaol!

[TD 21]

SEUMAS MAC COINNICH NACH MAIRIONN,
1802-1889.

A bha ré iomadh bliadhna 'na Fhoirfeach san Eaglais Shaoir.

I.

Buinidh dhomhsa bhi feitheamh
Air a ghairm o na Bhritheamh
Thug air falbh Maighstir Iain
'Bha na sholus 'sa Storr;
Ach 'se leoin mi na 's gorta,
Mas do shlanuich a lot sin,
Gun a dh' fhalbh feur a nochd uainn
Bha na dhiadhaire mòr!
'S ann a Achanacarnin
Fhuair mi sgeul a ta cràiteach
Gun a dh' eug fear ba chràbhaich
'Sa b' uails anns an tìr;
Co ba mhaisich' na 'bheusan
O àm cleachdadh a rèusan,-
Co thug barr ort, a Sheumais,
Ann an deanadh na sìth!

II.

Cha do thachair mi riamh riut
Nach do dh' eiltich mo chliabh riut,
Cridhe gaisgeach na riaghailte,
'S tu nach iarradh bhi stri'!
Ach le gliocas do bhriathran
Agus cairdeas do rianan

[TD 22]

Anns na doighean ba chiallaich'

'Toirt gach comhradh gu brìgh:
Bha do ghibhtean thaobh nadur
Air an deachdadh le grasan,
Mar dheadh thochradh o'n Ard-Rìgh,
Saor mar sholus na gréin';
Cha robh leth-bhreth ma d' thimchioll,
Cha robh mealladh na t'iomchain,
Ach aon aghaidh nam beannachd
Air an t'saoghal gu léir!

III.

Cha robh mi riamh na do chomhradh
Nach robh mo thoil na ba deonaich'
Gu bhì cleachdadh na còrach
Ann an leanmhainn do cheum;
Cha'n ann le soilleireachd faoghluim
Bha thu tlachdmhor na m' shuilean,
Ach rùn dìomhair do ghiulain
'Toirt dhomh tuilleadh do lèirs;
Cha robh gruaim na do chreideamh,
Cha robh fuath na do theagasg,
Cha robh aineolas ardain
Na do spiorad gun fhoill;
B' fhurasd fhaicinn na t'aogaisg
Gu robh thu taghta measg dhaoine,—
Solus neamhaidh air t'aodainn
Mar air altar na soills'!

IV.

"Sibhse solus an t'saoghail"—
Sin an t'searmoin ba chaomh leat
Mar bha i leis an Fhear-Shaoraidh
Air a seirm o na Bheinn;

[TD 23]

'S maith a ruigeadh sin ortsa,
Bha tha fhéin na do sholus,
Le cumha gach beannachd 'san t-Soisgeul
Na'm b' urrain mise gu sheinn;
'S tric a thug thu air ais dhomh
Dearbh iomhaigh nan abstol,
Leis gach samhla bha blasda
O fhear-teagaisg nan gràs;
Agus shaoilinn an uair sin
Gu'n robh a Spiorad ma 'n cuart duit
Leis an d' thug e fhéin buaidh air
An uaigh 's air a bhàs.

V.

Ann a spioradalachd inntinn'
'Se do bhuanachds' na chaill mi,
Dhuitse solus is aoibhneas,
Dhomhsa duibhre is bron;
Ach bi' mi g' altrum do chuimhne,
Leis na thubhairt 's na rinn thu,
Ged tha iomhaigh na chaill mi
Fad na h'oidhch' gu mo leoin!
Crioch bheannaicht' an fhìrean—
Duais an t-seirbhisich dhìlis—

Sonas siorruidh na Rioghachd
Làn fhosgailt fo d' chòir!
Cha bhi bàs ann ni 's mo,
Beatha shiorruidh air d' shiubhal,
Gradh siorruidh gu d' chumail
Dlùth ri Cathair na Gloir'!

[TD 24]

IAIN MACCOINNICH.*

Ogha Sheumais 'Ic Coinnich air an d' rinneadh iomradh mar tha. Bha an duin'-uasal so na fhearteagisg fo laimh a' mhaighstir-sgoil ann an Culcein-Stòrr.

I.

'S iomadh fear-gaoil agus caraid
Dh' fhàg mo Spiorad ro eòlach air bron,
Leis ma bha 'm bàs gu mo mhealladh,
'S mi air turus tre ghleann nan deòir;
'S iamadh leasan a fhuair mi
Ach 'se so fear as cruaidhe gu mòr—
Mar is mò tha 'n cridhe toirt gaol
'S ann is cinntich 'theid esan a leòin!

II.

Mo charaide dilis a bha,
'Se do bhàs a chuir smal air mo shùil,
'S nach fhaic mi tuille gu bràth
An t-aon sealladh air aghaidh na duthch';
Bha mo chridh' ann a solus do gnùis,
Mar an t-sùil ann a solus na grein',
Bha na h-uile ni soillear gu leoir
Ann a lathairachd cho taitneach riut fhéin!

III.

Ach dh' fhalbh a solus sin 'uam
S' tha mo chridhe mar bhantrach bhochd,
Tha cumha fo eallach a bhroin,
Ard aoibhneas na h-òige cha lot:

<eng>* Late Pupil Teacher in Culkein School.<gai>

[TD 25]

'S e cheisd a tha 'nise ga'm chlaoidh
Ann an diomhaireachd aobhair mo lot,
Car son a tha Spiorad a ghaoil
Na oighr' air gach bròn agus olc?

IV.

Mar dh' eilticheas eilid ri sruth
Ann a fàsach na tiormachd 's na teis,
Bha 'n cridhe so g' eilteachadh riut,
Fo aighear do chomhradh 's do phears;
Tha lusan is àluinne snuadh
Air a phosadh ri meanghan na dris,
'S tha 'n gràdh a thug mise dhuit fhéin,
Air a cheangal ri dòruinn a nis!

V.

'S ann bha mi ro shona gu dearbh,
Ann an comhradh ri cuspair mo ghraidh;
'S ann tha mi nise fo bhròn,
'S mi 'g ionndrainn na chaill mi na bhàs.
Mo chreach gu 'm 'eil spiorad a ghaoil
Na oighr' air gach bròn agus cradh,
Ach b' fhearr leam fhaighinn 's a chall,
Na idir gu 'n fhaighinn gu bràth.

VI.

Ann a stuamachd a ghliocais,
Ann a soilleireachd tuigs' agus céill,
Ann an caomhalachd naduir,
Ba tu òganach maiseach nam beus;
'S nar a shaoil mi gu 'n fhuair mi
Cuid a chaill mi tighinn beò annad fhéin,
'S ann a dh' eug thu gu h-aithghearr,
'S dh' ath-bhàsaich mo chairdean gu léir.

[TD 26]

VII.

Ach Thusa rinn cairdeas ri bròn,
Agus co-cheangail nuadh ris a bhàs,
'S ann annad tha dochas nam beò,
Agus aoibhneas do-labhairt na slaint',
O! deoinich an dochas sin dhomhs'
Thug Aingeal na h-aiseiridh mhàn-
Nar sheallas mi sìos ann san uaigh
Gu 'n coinnich mi aingeal mo ghràidh!

[TD 27]

AN T-URRAMACH IAIN ROSS,
1813-1888.

I.

Tha eallach mo bhròin air mo chromadh,
'S mi dìreadh na bruthaich tha cas
'Smuaineachadh air na cha' seachad,
'S nach fhaigh mi 'san t-saoghal air ais,
Ach Thusa tha siorraidh neo-atharruicht',
O! deonaich nach sleamhnaich mo chas,
Gus a seas mi air Cathair an t-seallaidh
Gu tir a gheallaidh fad as!

II.

'Se do bhàs, 'mhaighstir Iain,
Dh' ath-bheothaich mo chuimhn' air do chliù,
O' na chaill mi do lathaireachd
'S ann is soilleir' a chì mi do ghnùis;
Mar a bha thù na d' bhuidhean,
Tha thu nis ann a sealladh mo shùil-
Uasal, iriosal, criosdal,
Agus crìochan na firinn' na d' rùn.

III.

Fo dhubharrachd sgàile do bhàis,

Ann an aonarachd spiorad a bhròin,
Tha miad mo mhalaid 's mo chràdh,
Agus smuaintean mo chridh' gu'm leòin;
Mar bha thu maiseach na' d' bheus,
Bha thu fearail fo shrìan na còr',
Cridhe gaisgeach nam buadh,
Bha do thuigse 's do thruas cho mòr!

[TD 28]

IV.

Ged cha' thu sìos a mo shealladh,
Gu m' fhàgail a nochd anns an fhuachd,
Is ann gu sealbhachadh sonais
Ann a foirfeachd na beath' tha shuas;
Mar reult sgiamhach an fheasgair
Air dul sìos an' an doimhneachd a chuain,
'S ann gu éiridh na 's glòrmhoir'
Ann an aodainn na maduinn le buaidh.

V.

Cha'n ann le diadhaidheachd fhasain
Bha thu cleachdadh bhi tomhas do cheum;
Cha'n ann le gibhtean a chealgair
Bha thu séideadh na trompaid dhuit fhein;
Ach le gràsan a fhuair thu
Anns gach buaidh a bha annad gu léir,
'S a rinn cho soilleir do roidean,
Gus na ruith thu air thalamh do réis.

VI.

'S iomadh maduinn ro ghlormhor,
'N àm tional na sgoil' ad shuas,
Le samhradh na h-oige nam' chridhe,
Agus aoibhneas na h-oige ma'n cuairt,
'Thigeadh 'tusa na 'm choineamh
Le do chomhairl 's do bheannachd mar dhuais,
'S mar do ghleidh mi gach comhairl
Chum mi bheannachd a fhuair mi uait.

[TD 29]

VII.

Ba charthanach tairis do chomhradh,
Ro iochdmhor ri muinntir a bhròin;
Ach cionnas a dh' innsinn do dhoighean
Ged a sgrìobhinn do chliù le mo dheoir!
'S ann tha mi gun bhrosgail
'Toirt guth do bhalbhachd mo bhròin,
'Bheir fianais na's buain 'air an duine
Na 'chlach tha mar chuimhn' air sa Storr.

[TD 30]

DOMHNALL MACLEOID, 1812-1875.

I.

Tha ceann mo réis tighinn fagus domh,
Tha'n oidhche 'tarruing dlùth,
Tha nadur uile g' innse dhomh

Nach fhaic mi 'n tìr ni's mò;
Tha m' fheoil a nis air failigeadh
Fo chumhachd aois is bròin,
Mar shneachd air mhullach àrd na'm beann
Fo aiteamh gréin is neoil.

II.

O, 's iomadh stoirm cha' seachad orm,
O' dh' éirich grian mo là,
Air cuan na beatha 'Stuireadh dhomh,
Gu tric fo speuran dorch;
O, 's iomadh tonn cha' thairis orm
Le sad bha fuachdaidh searbh,
Ga'm thilgeadh sìos gun cho-fhurtachd
Air doimhneachd mhara garbh.

III.

'S ann tha mi 'n diugh a' samhlachadh
Mo staid 's mo thrioblaid theann,
Ri fear na shuidh' gu h'aonarach
An luing gun shèoil gun chrann;
Air doimhneachd fairg' tha cianail leam
Gun thìr bhi idir ann,
Mi fhéin 's mo chridhe deasbairreachd
Air diomhaireachd na h' àm.

[TD 31]

IV.

Mar sin their mi gu muladach
Gu tric ri m' chridhe truagh—
O chridhe! ciod e tha dh' uireas ort,
Le d' bhròn 's le t' amhghar chruaidh?
'Se freagairt tha neo-sholasach
A thig air ais gach uair,—
" 'S ann chaill mi fear bha taitneach leam
Deadh chuspair graidh nam buadh!"

V.

'Se thug mo lùth 's mo spiorad 'uam
Guth cumhachdach a' bhàis,
A thiormaich suas an tobar sin
A shruth le h-iomadh gràs;
'S ann dh' fhàg sin anns an fhàsach mi
Gun lusan ann fo bhlàth,
Gun nì air bith bheir co-fhurtachd,
Na driùchd o' neamh bheir fàs.

VI.

Ach ciod a feum bhi g' aithris dhomh
Ni dh' fhag mo chridhe truagh,
Na ciod a furtachd inntinn dhomh,
Bhi deanamh ortsa luaidh!
Cha thiormaich e na suilean so
Tha sileadh dheoir gach nair,
'S cha dhuisc e suas an cadal sin
Tha agad anns an uaigh.

VII.

'S ann bha mo chridhe is m' aighean

An druideadh riut cho dluth
'S nach d' rinn do bhàs ach soilleir dhomh
Na chaill mi na do ghnùis;

[TD 32]

Nar chuimh'niche'as mi na buaidhean ad
Rinn taitneach thu na m' shùil
'S ann dh' iarainn laidhe 'n taca riut
Gu samhach anns an ùir.

VIII.

Is fuar an uaigh gun amharus,
Fo dhuibhre iomadh sgleò;
Is gruamach dorch an dachaidh i,
Gun bheath', gun ghluasd, gun cheòl;
Ach seallaidh sùil a chreideimh rith
Mar theamull Dhe nam beò,
Thug buaidh air bàs le ais-eiridh,
'S a chuairtich i le ghloir.

IX.

Ach Thus 'tha uile-chumhachdach
Tha' riaghladh Armailt Neamh
'S ann uatsa thig gach co-fhurtachd
Ri d' thoil a ni mi réidh,
O, teaguisg fhéin dhomh irioslachd
Fo smachd do ghairdein trèun
A chum s' nach bi mi ceannairceach,
Ri ordugh siorruidh Nèimh.

X.

'Se gliocas siorruidh dh' òrdaich e,
Gu 'n bhualadh leis a bhàs
'N dearbh chuspair leis an d' fhosgail Thu
Deadh thobair ghlan mo ghraidh;
O, deonaich Fhein nach tiormaich i
Fo theas mo bhroin 's mo chraidh,
Gu siubhail i mar aibhnichean
De dh' uisge beò nan gràs.

[TD 33]

BEANNACHD LEAT, AONGHAIS*
<eng>(OF KINLOCHBERVIE).<gai>

I.

Le fagail beannach leat, Aonghais,
'S ann a dh' fheumas mi iomradh gun dàl,
Na h'uile latha o'n uiridh
Chuir thu mise 's ma chulaidh air snamh!
'S 'nar a thiginn air ais leath',
'S mi na'm aonar, gu tìr air an traigh,
'S tusa dheanadh ma chomhar
Le tarring an tobha, 's do bhonnan a sàs!

II.

Air feasgair samhraidh dhuinn seoladh
Dh' ionnsuidh Chròna 's tu fhein air ramh,
'S na h'uile buille cho seolta—

Air a ghleusadh ri sèisd na'n dàn!
'S ann leam ba taitneich do chomhradh
Air do shòladh le ceòl na pàisd—
†Nighean uasal t'fhear-cinnidh
'Is i na suidh an deireadh na bàt.

III.

'S mar a coinnich sinn tuilleadh
Ann a lànachd na h'òige fo bhlaths,
Bheir do smuaintean air ais thu
Gu bhi tric an comun na pàisd;
Bi 's a h'iomhaigh gu soilleir
Ann an iarmailt do chuimhne gu bràch,
'S a deanadh samhradh na d' chridhe
Leis am bi do dheadh bhudadhean am fàs!

<eng>* Angus Mackay, of Kinlochbervie.

† The accomplished daughter of the Rev. J. Mackay, M.A., Trinity Free
Church, Glasgow.<gai>

[TD 34]

SEONAIID.

Air Fonn—"Eirich agus tiugainn, O!"

I.

Bha mi 'n dé an Rudha Storr,
'S bha gach sealladh fo ma chòir,
B' aithne dhomh 'o bha mi òg,
'O Shuilbheinn sios gu Foinne bhein'!

Luineag:—

Ach c'aite am 'eil ma chailin òg—
Uchd na cannaich, falt an òr!—
O, ma Sheonaid! b' è ma chòir
Bhi gabhail comhnuidh maille riut!

II.

Ann a solus glan do ghnàis
Bha saoghal dhomhsa deant' as ùr—
Ceòl nan eoin is blath na flùir,
Is fàile cubhr' na macharach.

III.

Sheall mi 'n ear, is sheall mi 'n iar,
'O èiridh gu luidhe grian,—
Tha e 'n diugh mar bha e riamh,—
Mi fhein a mhàin air ath'rachadh!

IV.

Dh' fhalbh a solus de na bheinn,
Tha muir is tìr air fas cho tinn,
Tha 'n oidhche g' osnaich os ma chinn,
'S na reultan fhein ri turraban!

[TD 35]

V.

Their Cuinneag rium 's i ga ma leòin-
"C'àite am 'eil do chailin òg!-
Falt a cinn mar shruthean òr
Air uchd cho mìn 's a chunna mi!"

VI.

Ba mhaiseach thu na reult na spèur,
Na dreach nan neòil ri èiridh grèin,-
Ba ghrian 's ba ghealach leam thu fhein,
'Nar bha thu lathar maille rium.

VII.

Is cinnteach leam gu m' eil thu beò,
Na t'aingeal gheal air cùl a cheò,
Rinn do bhàs is rinn mo bhròn
Le cheile sgaoileadh eadar sinn!

VIII.

Leanaidh mis' ma sholus iùil
Gus an ruig mi crìoch ma chùrs',
Ann an dùil ga m' bi ma rùn
Tao'thall a cheò g' am choinneachadh!

[TD 36]

SEANN IAN AGUS IAN OG.
Rom. viii. 22.

SEANN IAN-

Oh, nach bochd gur e tuireadh
Ceòl an t'saoghail so uile,
Osnaich 'us bron agus nulad
Fonn gach maduinn is oidhch'!-
Fonn aig toirmrich na linne,
Fonn Mactalla ga thilleadh,
Fonn nan eòin nar is binn' iad
Ann am badain nan coill'!
Cha'n 'eil aoibhneas gun bhròn ann,
Cha'n 'eil slainte gun leòin ann,
Cha'n 'eil sonas na h'òige
Saor 'o acain is pèin;
'S e mo bharail gu'n cluinn thu
O bheatha dhìomhair na doimhne
Osnaich 'us tuireadh na duibhre
Mar aon mharbhrann gu lèir!

IAN OG-

C'arson a bhi 's sinn muladach
Cuir malaichean air spòrs,
Mar fir thuruais aonarach
A dol troimh ghleann nan deòir!
Tha saoghal mar a b' abhaist dha-
Làn cridhealas na h' òig
Ach thus a fas cho muladach
'S e 'n aois a rinn do chlò!

[TD 37]

'S ged nach 'eil moran beartas anns
A bhaile an rugadh sinn,

Na tigheant mòr ri fhaicinn air
An càradh os ar cinn;
Gidheadh tha saors' is sonas ann
Bhi beo air traigh Chulchinn,
Le beagan crodh is caoraich
Agus sgadan anns na Glinn!

SEANN IAN—

Tha mi cinnteach gu dearbh
Gu'm 'eil an aois a toirt caochla' leath',
Air buadhan an anam gu lèir
Agus giulan gach creutair air leth;
Ach ma gheibh thu do sholus o' Neamh
'S a bheir dhuit eolas air crìochan do bheath',
'S ann dh' fheumas tu bàs do n'an olc,
Agus èiridh as ùr air do bhreth.

IAN OG—

Cha thuig mi sin, 's cha chreid mi e,
Oir 's ann tha 'n oige fàs
'O bheath' gu beatha beothachadh,
'S cha'n ann o bhàs gu bàs;
Mar sin tha 'n aois a meudachadh
Na buadhannan is fheàrr—
Sìth, creideamh, stuaim, is caomhalas,
Am fàs o ghràs gu gràs.

SEANN IAN—

Tha mi toilicht' a chluinntinn
Gu'm 'eil do thuigse 's do thùr cho sèimh,
Mar bha 'n t' oganach maiseach
Nach ro fada o rioghachd Nèimh;

[TD 38]

'S maith dh' fhaoidhte gu 'm fàs thu
Ann an gliocas is fàbhar Dhé
Gu'n do dhearbhadh 's an fhàsach
Le spiorad na h'aicheadh na fàidhean breug.
Ach ann an diomhaireach Freasdail,
'S ann an dèiligeadh Dhé ri shluagh,
'S e chuid ba dlùth ann an daimh ris
Bha na'n coigrich agus luchd-cuairt;
'S iad bha tric bha 's an àmhuinn
A rinn an saoghal a lasadh le fuath,
Gus na dh' ionnsaich iad fhoghlum
Gur h'ann tha 'n cobhair 's na neamhan shuas.

[TD 39]

AONGHAS BEG.

<eng>On meeting him one evening going home with a spinning wheel.<gai>

Air Fonn—"Cumha na Curraige."

I.

'S ann aig Cathair-na-Sniomhag
Tha fear gnìomhach am fuireach,
Cha do thachar mi riamh ris

Nach ro thriall gus an obair;
Eadar so agus Skiathag
Cha'n 'eil duin' ann cho lurrach—
'S e sin Aonghas-mac-Mhurchidh
Nach ro riamh fo na 'an 'tuireach'!

II.

'S maith an inns' air a ghliocais
Nach 'eil 'tuireach' air inntinn
'Tuireach' airgoid na sporran
Na idir fortan mi-chinnteach;
Na 'gheall e bheartas do Sheonaid
Leig e buileach a chuimhne,
'S ann tha Aonghas ro shona
Leis a chuigeal 's a chuidhle!

III.

Cha'n 'eil cùram air Aonghas
Co a chaitheas na chùnas,
Cha'n 'eil feum aig air mòran,
'S dheibh e bheo mar an fhaolag!

[TD 40]

Ni e suidh' air a stolan
'S bi 's e an comhnuidh ri gnùan,
Nì e sniamh air chuigeal
Da bhi 's Seonaid a rùmhair!

IV.

'S maith a gheibhear thu, Sheonaid,
Gun a phos thu e idir,
Thug thu dhasan do chota
'S chuir thu fhein ort 'a bhriogis;
Bheir thu dhachaidh 'n cliamh mòine
Anns an aimsir is libisd,
Is Aonghas Beg air stòlan
Leis a chuibhle 's a chuigeal!

[TD 41]

IAN MACOIDH, C.E., HEREFORD.

Na Bheatha.

'A chionn 's gur geug thu de 'n ghasan
Bha tarbhach an Cataobh o thùs,
Le toradh gach buaidh a bha maiseach,
Ann a Sìth, ann an Cath, 's ann a Cùirt,
Cha'n iongnadh leams' thu bhi fàsmhor
Anns na gasan a fhuair thu o d' Iùil,
Maise an duine na d' phearsa,
Agus buaidhean na daonachd na d' chliù.

Na Bhàs.

Rè do lath'rachd 's a choluinn
Dh' fhaodhte chantuinn gun bhrosgal
Gu ma tarbhach an gasan thu fhéin;
Rè do lath'rachd, etc.

Chaochail an aimsir o'n uair sin
O' na dh' èug an Duin' Uasal
Bha do dh' armunn clann Chataobh na'n trein!
Chaochail an aimsir, etc.

Ghlè thu onair do shinnsir,
'S cliù cleachdaidh do mhuinntir
Ann an giulan na beatha gu lèir;
Ghlè thu onair, etc.

[TD 42]

Scribhidh mi nis air do bhratach
Suaicheantas ùr an fhior Chatach—
Comas Moralachd, Carthannas Cèill!
Scribhidh mi nis, etc.

Gaisgeach, fiùghantach, fearail,
Faoilidh, failteach is flathail—
Smior a Ghaidhil na phearsa 's na bheùs!
Gaisgeach fiùghantach, etc.

[TD 43]

DOL FODHA NA GREIN—
GLOIR NA SEANN AOIS.

I.
Ged a tha mi air crionadh,
Is falt ma chinn air a liathadh
'S ann tha mi na's mianich
Air dreach na'm blianaibh a dh' fhalbh.
Mar is fhaide 'o'n dh' fhalbh iad
'S ann is maiseich is dealbheich
Tha bheath' bh'unta ga'm leanmhuinn
Is fàs rium na's dlùith:
'S iomadh stoirm cha seachad,
Fliuch, fuar agus frasach,
Tha 'n diugh air a lasadh
Le solus òral o' Neamh.
Mar tha dol-fodha na grèine
Toir dhomh tuille do lèirsin'
Air a ghlòir thu g' èiridh
Air neulaibh na spèur.

II.
'S iomadh ogannach maiseach,
Fearrail, fuaisgailt' is gaisgeach,
Thog a thriall air an astair
Dh' ionnsuidh cal 'na laoch,
Nach d' ràinig an tala,
Cha ghealtainn cho fagus,
Gun athrachadh barail
Air spiorad na saors;

[TD 44]

Tre stoirm agus teine,
Agus crathadh na beinne,

Tha 'n tal' ad ri ruighinn
Le ainneart na còir.
'S cha'n ann mar shaoil iad
Tha duaise na saothar,
Ach ruighinn mar dhaoine
Gu comman na seòid.

III.

Ann an aireamh na laoich sin
Tha na cairdean is caomh luinn—
Gaisgich fearrail na faoilteachd,
Is Ciar na'n gaisgich na'n còir;
Uaisleid nadur na'n cleachdadh,
'S leis am bansa bhi faicinn
Iomhaigh Dhé air an cairdean,
Na iomhaigh Rìgh air an òr,—
Gaisgich bhudhach na 'n cathan
Tha 'n diugh seoladh a rathaid
Gus a ghlòr tha seachad
Air dol fodhe na grèin!—
Far an Coinnich sinn sabhailt
Ris na cairdean a b'aibhaist
Bhi cho dlùth ann an gradh ruinn,
'S a chaill sinn fad rè!

[TD 45]

AN AIRIDH.

'N àm èiridh na grèine cur failt' air a bheinn
Bu bhoidheach an Airidh air braighe Chulchinn,
Na h'uisseagan 's na smeoraich cho ceolmhor a seinn,
'S na flùirean a b' ulluinn le fhàile ga inns'—
Oh, mar a bha, nar bha sinn òg,
Rì mireag air an Airidh le maran is ceòl!

Bha solus air an Airidh nach ann 'o na ghrian,
Bha ceol ann 'o 'n uair sin nach cuala mi riamh—
Bha solus anns' a ghradh agus dàn anns' gach fiamh,
'S bha ùr-bhlath na h'oise cur fonn air an t-sliabh:
Oh, mar a bha, etc.

Na faice' tu na caistealan, 's ann asda dheaninn uail,
'S e bothanan na àiridh làn bainne blàth na'm buoil'—
Na miosaran, na cumanan, na copanan, 's na quaich,
'S na caileagan a g' itealaich mar dhealan-dè ma'n cuart!
Oh, mar a bha, etc.

Tha gaire na Airidh is mais' na sùilean tlàth
Cho ùr 's nar a b' abhaist bhi g' ol a bhainne bhlath
'O laimh na tè a bhi aithne dhomh, 's a nis thu cho beò,
'S cho soilleir na ma shùilean 's na bha i ann 's a chrò!
Oh, mar a bha, etc.

Sibhse tha cho fiosarach am Parlamair na Tìr,
Thoiribh dhuinn na Airidhean, na mullaichean 'na na frìth,
'S théid mi fhéin an urras dhubh, mar dhuine 's fhaide chì—
Dannsaidh sinn, is seinnidh sinn, 'G am fada beò an Rìgh!
Dìreach mar a bha, etc.

[TD 46]

AIR CUIMHNE.

E. S. M.

Na smuainichinn gu'm bi'dh tu falbh
'S an àm a sheallinn na do gnùis,
Cha bhi'dh mo spiorad 'n diugh cho leoint'-
'S ann shaoil mi nach ba bhàsmhor thu!
Cha d' thàinig e na'm inntinn riamh
Gu'n tigadh uair a sheallinn ort
Gu'n fiamh a ghaire na do shuil,
Na fiamh a ghaoil tort freagradh dhomh.

Na maira tu mar tha thu nis
Le mais' na beath' air ughaidh bhàis,
Dheaninn mealladh air mo thuigs'
'S chi'inn fhathast fiamh do ghair'!
Am feadh 's a tha thu ri mo thao'
'S ann leam 's a tha thu an' a seilbh,-
Ach, och cho faoin 's tha seilbh na dus
N'ur theich gach buaidh rinn dealbhach thu!

Na'm aonar thig mi dhachaidh nochd
Gu'n dhùil ri failteachd 'o do ghuth,
'S ma thuigse g' innse dha mo bhròn
Gu'm bi gach màireach mar an diugh.
An t'ainm ba tric a bhi 'tu luaidh
Cha'n iarr mi chluinntin tuille' chaoidh,
'O'n dh' fhalbh an guth rinn fonnmhor e,-
O'n dh' fhalbh an guth, 's o'n dh' fhalbh an aoidh.

[TD 47]

Air t'aodann nar a dhearcas mi,
Cho samhach, ciùin, ach Oh, cho fuar!-
Cha mhòr nach teich ma spiorad 'uam
Gu t'ionnad naomhs a chum na h'uaigh!
Tha camhanaich na siorruidheachd,
Is ceol na'n Aingil romhad fhéin,-
Oh' Spiorad mhaisich, seall air ais,
Is faic ma chabhaig as do dheigh!

[TD 48]

ADHLACADH AN RIDIRE IAIN MOORE.

<eng>Translated from the English.<gai>

Cha do bhuaill sinn an druma, na teud'an a chraidh
'Nuair a ghreas sinn le chorp fo dhion balla,
Cha do loisg sinn an urchar a nochdadh ar baigh
Far na chuir sinn ar curaidh fo'n talamh.

Dh' adhlaic sinn dorch e ma mheadhon na h'oidhch',
Leis a bheighneid a cladhach na h'ùrach',
Le solus fann gealaich tort dubharach soills',
'S an lochra cho doilleir is mùgach.

Ciste gun fheum cha d' dhuin sinn ma cheann,

Na anart geal marbh-phaisg cha d' shuain sinn;
'S ann shaoilte gur saighdear na chadal a bh' ann
'Nuair a phaisg sinn a bhreacan ma'n cuairt da.

Bu ghann agus goirid ar 'n urnuigh gu dearbh,
Ma 'n mhulad a bh' oirnn bha sinn samhach;
Ach dh' amharaic air aghaidh a mhairbh,
Agus smuainich sinn gort air a mhuireach.

B'e ar smuain ann an cladhach ùr leabaidh an t'suinn,
Agus reiteach a chluasag le dorran,
Na naimhdean 's na coigrich bhi falbh os a chinn
Agus sinne fad as air na tonnan.

Labhraidh iad faoin ma na spiorad a theich,
'Sa dhuslach fo 'n casan bi 's dite;
Ach 's coma leis sin ma leigeas iad leis
Anns an uaigh 's na chuir Breatunach sint' e!

[TD 49]

Cha d' rinn sinn an obair na mulad air fad
'Nar thug uairadar rabhaidh gu sgaoileadh;
Agus thuig sinn le fuaim gunna mor anns a bhad
Gun robh ar namhad gu coimheach ga thaomadh.

Gu samhach, muladach, dh' adhlaic ar Sonn
Air a bhlàr ma dheireadh a stiuir e;
Cha do ghearr sinn aon litir air leac aig a cheann,
Ach dh' fhag sinn na aonar le chliù E!

[TD 50]

EACHANN RUADH.

'S e duine diadhaidh cheama th'ann
Eachann Ruadh Pollan na'n Clach.
'S e sin a bha na sheanairean,
Eachann Ruadh Pollan na'n Clach;
'S mar a teidt thu n' urras air
Ga 'm 'eil e na dhuin' urramach,
Seall fhéin a bhais'-a-mhullaich air
Eachann Ruadh Pollan na'n Clach.

Nach cuala tu mar thachair dha,
Eachann Ruadh Pollan na'n Clach;
Rheanachait 's an dochair dha,
Eachann Ruadh, etc.
An 'a measg na luchd aidichidh
Cha ro duine dh' aithnich e,
'S e thuirt iad ris nach b' Eachann e,
Eachann Ruadh, etc.

Tha Eachann Ruadh cho iorusol,
Eachann Ruadh, etc.,
Mar eildeir aig a mhinisteir,
Eachann Ruadh, etc.
'S n'ar a thig e bhrighinn ruit,
Cha thog e shùilleam idir ruit,
Mar fhear bh'idh a siorradh rdud-

Eachann Ruadh, etc.

[TD 51]

Tha srònag bhoidhach bhiorrach air,
Eachann Ruadh Pollan na'n Clach,
'S i cheart cho dearg ri giomach air,
Eachann Ruadh Pollan na'n Clach;
Leis a chirean choilich ad
Shaola tu gu'n goireagh e,
Cho aigeantach le bragaireachd,
Eachann Ruadh, etc.

Na 'm faic' a t'us a g' obair e—
Eachann Ruadh Pollan na'n Clach;
Currag dhearg is ribean air,
Eachann Ruadh Pollan na'n Clach;
Cha ro duine a bhuineadh dha
Dh'annsa Ruidhle Thullachan
Air cas-chròm 'ga fudlan
Cur a cheile Pollan na'n Clach.